



Leasan 24: Fiosrachadh mu dheidhinn luadhadh

1. An Sgeulachd

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/73036>

2. Gnìomhan do Sgoilearan

a. Ceistean

Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean, a' cleachdadh nam faclan agad fhèin. Cairistìona Sheaghach agus Peigi Mhoireasdan, à Àird Àsaig anns na Hearadh, a' bruidhinn ri Mòrag NicLeòid (Sgoil Eòlais na h-Alba).

1. Dè bhiodh ann às dèidh an luadhaidh?
2. Am biodh bodach a' cruinneachadh anns an taigh?
3. Dè an comas a bha aig màthair Cairistìona?
4. Dè an aois a bha Cairistìona nuair a chaidh i dhan a' chiad luadhadh aice?
5. Carson a ghluais iad Cairistìona gu ceann na clèithe?
6. An robh iad a' faighinn pàigheadh airson na h-obrach seo?
7. Cia mheud a bhiodh a' suidhe aig a' chlàithe?
8. Dè nach robh iad ag iarraidh gun tachradh dhan chlà?
9. Dè bha iad a' cleachdadh airson an clò a thomhas?

b. Ealain

Èist ri grunn mhath de dh'òrain luaidh on tasglann aig Tobar an Dualchais. Dèan òran luaidh ri fonn traidiseanta. Dèan clàradh dheth.

3. Stuthan Taic

a. Briathrachas

luadhadh – a' deasachadh clò le bhith ga nighe agus ga bhualadh

mnathan-luadhaidh – na boireannaich a dhèanadh luadhadh

meadhan na clèithe – a' chliath: am bòrd a bhiodh ga chleachdadh airson luadhadh

cromadh – aonad-tomhais, a' cleachdadh corraig

b. Geàrr-chunntas

Bhiodh Cairistiona agus Peigi an làthair nuair a bha luadhadh a' dol a-staigh aca. Bhiodh iad a' falbh a luadhadh air feadh a' bhaile cuideachd. Bhiodh dannsa ann às a dhèidh, le òrain agus pìobaireachd cuideachd. Bhiodh na bodaich a' cruinneachadh airson an t-seinn a chluinntinn aig an luadhadh. Fiosrachadh mun luadhadh fhèin.

c. Luadhadh

'S e obair chruaidh, mhì-chàilear a bh' anns an luadhadh, ged a dhèanadh iad tlachdmhor e le bhith a' gabhail òrain, agus a' dèanamh cèilidh às a dhèidh. Bhiodh an clò air a bhogadh ann an siabann agus maistir, air a chleachdadh mar amòinia, mus deach a bhualadh air a' bhòrd. Mar thoradh, bha an clò uabhasach fhèin trom, agus airson an cuideachadh leis an obair bhiodh na boireannaich a' gabhail òrain luaidh. Dh'fheumadh na h-òrain deagh ruitheam. Bha cuid dhiubh gu math spòrsail. Tha na ceudan de dh'òrain luaidh air làrach-lìn Tobar an Dualchais.

4. Fiosrachadh Eile

a. Na Fiosraichean

Peigi Mhoireasdan (1901-1988). Rugadh i ann an Àird Àsaig anns na Hearadh. B' e bean-taighe a bh' innte.

Cairistiona Sheaghach (1907-1996). Rugadh agus thogadh i ann an Àird Àsaig anns na Hearadh. B' e bean-taighe a bh' innte.

b. Ceanglaichean

Tha an t-uabhas de dh'òrain luaidh air làrach-lìn Tobar an Dualchais. Seo feadhainn dhiubh:

O Horò 'Ille Dhuinn

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/96412/1>

le Cairistiona Sheaghach.

Hè Mo Leannan, Hò Mo Leannan

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/96569/1>

le Cairistiona Sheaghach.

Dh'Èirich Mise Moch ro Latha

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/73042/1>

le Peigi Mhoireasdan.

Horò ho hù ill Anna Bheag

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/73146/1>

le Peigi Mhoireasdan.

Tha Latha An-diugh

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/73155/1>

le Peigi Mhoireasdan.

Òran Luaidh

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/94518/1>

le Ruairidh Caimbeul.

Hoireann Ò, Ho-ri Horò

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/95037/1>

le Ruairidh Caimbeul.

Hòrò Mo Chuachag

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/94521/1>

le Ruairidh Caimbeul.

Bheir Soraidh Bhuam dha na Hearadh

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/95419/1>

leis an Urr. Uilleam MacMhathain.

Mhòrag 's na Hòro-gheallaidh

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/102159/1>

le Gormshuil NicCoinnich.

5. Freagairtean

Tidsearan: cuiribh post-d gu dualchas@smo.uhi.ac.uk gus lethbhreac de na freagairtean airson nan leasan air fad fhaighinn.